

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 8 | 2013 | AN LUNASDAL

Facal Toisich

Annas na mìosan a chaidh seachad chunnacas grunn phrògraman air an telebhisean a bha a' sealltainn cho àlainn agus a tha na seallaidhean a chìthear air Ghàidhealtachd agus annas na h-eileanan, agus cho iongantach agus a tha na creutairean a chì thu air muir agus air tìr, agus ag itealaich os ar cionn. Ma thadhlas eun annasach air choireigin air na h-Eileanan an Iar, bidh sin 'na tharraing do dhaoine à iomadh ceàrn a bhios a' gabhail beachd air na h-eòin.

Tha fios gu bheil prògraman den t-seòrsa sin a' brosnachadh obair luchd-turais. Bidh daoine air feadh na dùthcha, agus gu dearbha, air feadh an t-saoghail, a' coimhead nan dealbhannan sin agus bidh iad ag iarraidh na tràighean geala, na machraichean ioma-dhathach agus na beanntan àrda a chunnaic iad air clàr fhaicinn len sùilean fhèin.

Tha tarraing cuideachd annas na làraich a tha co-cheangailte ri eachdraidh spioradail na Gàidhealtachd. Tha seann tobhtaichean a tha a' dol air ais chun nan làithean nuair a fhuair na Gàidheil eòlas air a' chreideamh Chrìosdail an toiseach. Tha eaglaisean a tha fhathast air an cleachdadh mar àiteachan adhradh far an robh seirbheisean Gàidhlig air an cumail bho chionn nan ceudan de bhliadhnanachan. 'S toigh leinn a bhith a' foillseachadh dhealbhan eaglaisean annas *Na Duilleagan Gàidhlig*, gach eaglais le a h-eachdraidh fhèin, eaglaisean far an robh ministearan cumhachdach a' searmonachadh, eaglaisean annas an tàinig mòran gu creideamh slàinteil.

Bidh e tric a' tachairt gur e coigrich a bhios a' cur luach air na nithean priseil a tha againn ann an tìr nan Gàidheal, a thaobh àrainneachd, beul-aithris, eachdraidh spioradail. Tha adhbhar againn mar Ghàidheil a bhith taingeil do Dhia airson nan sochairean a tha againn, agus cha ruig sinn a leas a bhith nar bàird airson a bhith a' seinn òran-molaidh do dh'obair a' chruthachaidh.

**Leis na beannachdan,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais Heilleapoil, Eaglais na Mòintich, ann an Tiriodh. Thogadh an eaglais seo aig fìor thoiseach na ficheadamh linn, agus b' e an dealbhadair Uilleam MacCoinnich, a dhealbh grunn thogalaichean ann an Earra Ghàidheal. Bidh daoine ga coltachadh ris an Abaid ann an eilean I. Nuair a thogadh an eaglais seo bha an t-Urr. Dùghall MacGhilleathain 'na mhinistear annas an sgìr. Bha e an dèidh sinn ann an Gearrloch. (Tharraing Linda Gowans an dealbh seo nuair a bha i air chuairt annas an eilean.)

Cùil Nan Ceist

Air a' mhìos seo bidh clann a' dol air ais don sgoil. 'S ann air "tilleadh" a tha sinn a-mach an turas seo annas na ceistean a tha sinn a' cur oirbh. Tha na freagairtean annas na caibideilean a tha sinn a' toirt seachad agus cuideachd air an duilleig chùil.

1. Cò a thill, a' toirt glòire do Dhia? (Lùcas, caibideil 2.)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Till, O ———, ris an Tighearna do Dhia." (Hosèa, caibideil 14.)
3. Dè am baile às an do thill Pòl agus Barnabas? (Gnìomharan, caibideil 12.)
4. Cò a thill da taigh fhèin an dèidh thrì mìosan? (Lùcas, caibideil 1.)

Searmon Gàidhlig an Ard-sheanaidh – 2

(Seo an darna cuibhreann den t-searmon a thug an t-Urr. Dòmhnall MacSuain, Cill Tighearna, seachad ann an Dùn Eideann air Sàbaid an Ard-sheanaidh.)

Coileanaibh mo ghàirdeachas, gum bi sibh a dh'aon inntinn, a dh'aon ghràdh, a dh'aon toil agus a dh'aon bhreithneachadh...Uime sin, biodh an inntinn cheudna annaibhse, a bha ann an Iosa Crìosd. (Litir nam Philipianach 2:5)

Am bliadhna, tha cuspairean sònraichte far comhair a tha a' toirt fhaireachdainnean làidir 'nan cois, agus a tha a' cur cudthrom mòr air aonachd na h-eaglais. Chan eil teagamh nach bi diùmb air cuid ma thèid na co-dhùnaidhean 'nan aghaidh. Is dòcha, eadhon, gum fàg feadhainn Eaglais na h-Alba uile gu lèir; agus tha sin duilich.

Tha e a' tachairt tric gu leòr ann an coitheanalan gu bheil feadhainn ann a leigeas suas dreuchd air choireigin agus is dòcha cuideachd gun sguir iad a' gabhail pàirt ann an obair na h-eaglais. 'S e a' bhuaidh a tha aige seo gu bheil e a' cur eallaich nas truime air an fheadhainn a tha a' fantainn dìleas. Nach eil coir againn seasamh còmhla ri chèile, a' toirt taic da chèile ann an Crìosd, anns na h-amannan doirbh a tha seo?

Chan eil Ross County, no sgioba sam bith eile, a' buannachadh a h-uile gèam a chluicheas iad. Agus bidh diùmb air an luchd-leanmhainn nuair a chailleas iad. Ach thig an fheadhainn a tha fialaidh air ais an ath sheachdain, le dòchas gum bi cùisean nas fheàrr air thoiseach. Agus bidh cuimhne aca gu robh làithean matha aca roimhe.

'Nam bheachd-sa, 's e an sgrùdadh as motha a tha far comhair aig an àm seo gum buadhaich gràdh Chrìosd nar measg a dh'aindeoin beachdan eadar-dhealaichte, sòlamaichte is gu bheil e.

Is cinnteach nach eil ar beatha Chrìosdail, no ar gairm anns an t-Soisgeul, o ar lèirsinn shìorraidh, gu bhith air a bhriseadh air sgàth is nach eil sinn ag aontachadh ri beachdan a tha aig cuid eile.

Tha e furasta gu leòr an trusgan a shracadh, ach chan eil e cho furasta a chàradh. Tha e furasta gu leòr an trusgan a shalach, ach

tre ghràdh Dhè, gabhaidh e glanadh.

Dè an seòrsa luchd-leanmhainn a tha annainn? Cò a tha sinn a' leantainn?

'S e àm duilich a tha ann don eaglais an dràsda. Tha àireamhan a' sìor dhol sìos, chan eil airgead pailt, agus tha sgrùdadh poblach mu ar coinneamh co-cheangailte ri pòsadh feise. 'S e nithean air leth mì-chofhurtail a tha sin do mhòran, agus chan eil teagamh nach eil mòran pian air fhaireachainn air feadh na h-eaglais. Ge b' e air bith mar a thèid am breithneachadh a thaobh, mar eisimpleir, pòsadh feise, bidh mì-thoileachas domhainn ann do chuid. Tha mise, gu pearsanta, an aghaidh pòsadh feise, oir tha mi den bheachd gu bheil Facal Dhè ga dhèanamh glè shoilleir gu bheil e cearr; ach 's e dùrachd mo chridhe gum buadhaich gràdh Crìosdail thairis air a h-uile nì doirbh a tha seo.

Bha an t-abstol Pòl a' fulang air iomadh dòigh, ach bha e a' dèanamh gairdeachais anns na nithean a bha math, gu h-àraidh ann an eaglais nam Philipianach. Os cionn nan uile, bha Pòl ag iarraidh gum biodh an inntinn cheudna annta a bha ann an Iosa Crìosd. Agus nach e sin an gliocas againne aig an àm seo cuideachd. An dùil dè an inntinn, no dè an gràdh, no dè an toil, no dè am breithneachadh a shealladh Crìosd dhuinn nam biodh E an làthair aig an Ard-sheanadh gu pearsanta an t-seachdain seo? Saoil dè a' chomhairle a bheireadh E dhuinn?

Leugh sinn anns an t-Seann Tiomnadh mun duilgheadas a bha aig Nehemiah a' càradh ballaichean Ierusalem. Ach chùm e a' dol ged a thug e bliadhnachan mòra, le iomadh dàil, chrìochnaich e an obair. Bhiodh e glè fhurasta dha a mhisneachd a chall fa chomhair gach àmghair, ach cha b' e sin an inntinn a bha aige. Cha b' e sin an inntinn a bha aig Pòl. Cha b' e sin an inntinn a bha aig Crìosd, a b'urrainn a ràdh, 'na àmhghar air a' chrann-cheusaidh, "Tha e crìochnaichte."

Anns a' Ghrèig bho chionn iomadh bliadhna bha rèis àraidh anns na geamachan Oilimpeanach aca far an robh iad a' ruith le lòchrain laiste. Cha b' e am fear a bu luaithe a bhuannaich an rèis idir ach a'

Leabhraichean

'S iomadh neach tàlantach aig a bheil buntanas ri eilean Bhèarnaraigh na Hearadh – luchd-teagaisg, ministearan, dotairean, banatraman, seòladairean, iasgairean. Ged nach eil an t-eilean ach beag chaidh bàird chomasach àrach ann cuideachd, agus ma dh'fhaodhte nach eil aon dhiùbh cho ainmeil taobh a-muigh an eilein ri Eachann MacFhionghain (1886-1954). Tha na laoidhean a chuir e ri chèile measail aig na Gàidheil, gu h-àraidh bho chaidh an cruinneachadh anns an leabhar *An Neamhnaid Luachmhor*, a thàinig am follais ann an 1990.

Bha againn ri feitheamh greis mhath airson na h-òrain aig Eachann Fhionnlaigh Bhàin fhaicinn ann an clò, ach a-nis tha *Acair* air leabhar grinn leis a' bhàrdachd eile fhoillseachadh, air prìs a tha air leth reusanta. An dèidh gach pìos bàrdachd tha fiosrachadh goirid mun dàn. Tha mìneachadh cuideachd ann air daoine agus àiteachan a tha air an ainmeachadh. 'S e Niall Mac an Tuairneir, nach maireann, a sgrìobh a' chuid mhòr de na nòtaichean feumail sin, agus tha an fheadhainn eile le Iosa NicPhilip a rinn obair cho ionmholta ann a

Orain Eachainn MhicFhionghain (Air fhoillseachadh le Acair. £6.)

bhith a' deasachadh an leabhair, le cuideachadh o theaghlach a' bhàird, a mhac, Donnchadh, agus a nighean, Màiri.

Tha iomadh seòrsa òran anns an leabhar seo, bàrdachd ghaoil, bàrdachd bhrònach agus bàrdachd eirmseach, bàrdachd a chaidh a sgrìobhadh aig àm cogaidh, agus òrain le Eachann a' moladh Bheàrnaraigh. Bhiodh cuid de na bàird a' dèanamh mì-fheum de na tàlantan a thug Dia dhaibh ann a bhith a' cur sìos air an co-chreutair. Ach chan eil facal càinidh anns na h-òrain aig Eachann. 'S ann a' moladh dhaoine agus àiteachan a tha esan.

Tha seann dhealbhannan air feadh an leabhair a bheir dhuinn sealladh air Eachann agus a theaghlach, air an obair a rinn e mar phost ann an Beàrnaraigh, air mar a bha dòigh-beatha an eilein nuair a bha esan a' fuireach ann. Tha Iosa NicPhilip air facal-toisich a thoirt dhuinn a tha ag innse mu bheatha a' bhàird.

Tha sinn an dòchas gum bi fèill air an leabhar seo.

cheud fhear a rachadh thairis an loidhne crìochnachaidh le a lòchran fhathast laiste.

Nach deònaich Dia dhuinn gun crìochnaich sinne ar rèis le ar lòchrain laiste don Tighearna.

Am doirbh, àm mì-chofhurtail, àm goirt do mhòran anns an eaglais. Ach àm, tha mi a' creidsinn, far am feum sinn fantainn dlùth ri chèile, mar a rinn na Philipianaich, agus luchd-taic Nehemiah. Mar a rinn na deisciobail an dèidh aiseirigh Chrìosd. Mar a lorgadh iad a dh'aon inntinn anns an aon àite air Latha na Caingeis – agus tha fios againn dè a thachair an latha sin.

Tha mi a' smaoinichadh gum bu chòir dhomh na faclan mu dheireadh fhàgail aig Crìosd fhèin – faclan na h-ùrnaigh aige anns an t-Soisgeul a rèir Eòin, agus an seachdamh caibideil deug: *Agus thug mise dhaibh-san a' ghlòir a thug Thusa dhòmhsa, a-chum gum bi iad 'nan aon, mar a tha sinne nar n-aon; mise anntasan, agus Thusa annamsa, a-chum gun dèanar coileanta iad ann an aon; agus a-chum gum bi fios aig an t-saoghal gun do chuir Thusa uat mi, agus gun do ghràdhaich Thu iadsan mar a ghràdhaich Thu mise.*

Ainmeannan–àiteachan an Cinntìre

Thug sinn iomradh goirid air an leabhar aig Aonghas Màrtainn, *Kintyre Places and Place-names*, ach tha an leabhar seo cho tomadach agus gu bheil sinn a' smaoinichadh gu bheil e làn airidh air rannsachadh nas mionaidiche a dhèanamh air.

Rinn an t-ùghdar obair mhòr ann a bhith a' deasachadh an leabhair seo, agus e a' dèiligeadh ri corr is mìle ainm air àiteachan ann an Cinntìre. Tha an t-uamhas eachdraidh anns an leabhar. Tha naidheachdan agus sgeulachdan agus beul-aithris co-cheangailte ris na h-àiteachan air an toirt seachad, agus coinnichidh sinn ri cuid de na daoine gasta a bha a' fuireach ann an ceann a deas Earra Ghàidheal. Tha Aonghas cuideachd a' faighinn fiosrachaidh

o mhuinntir na ceàrn seo a tha fhathast beò.

Gu mì-fhortanach tha a' Ghàidhlig air crìonadh ann an Cinntìre an-diugh, ach tha ainmeannan nan àiteachan mar fhianais air cho làidir agus a bha i anns na linntean a chaidh seachad.

Tha mòran de na h-ainmeannan Gàidhlig co-cheangailte ris an eaglais. Tha na ceudan de dh'àiteachan air feadh na Gàidhealtachd a tha a' tòiseachadh leis an fhacal *Cill*, agus tha Aonghas Màrtainn a' taghadh cuid den fheadhainn a gheibhear ann an Cinntìre. 'S e ainm tè de na seann sgìrean a tha ann an *Cill Eathain*, agus bha an eaglais a bha an sin air a coisrigeadh do dh'Eòin an soisgeulaiche. Tha ainmeannan an seo a gheibhear air feadh tìrean na Gàidhlig, agus tha iad a' cumail beò cuimhne nan teachdairean Ceilteach, fireann agus boireann, a bha a' saothreachadh ann an Eirinn agus ann an Alba – *Cill Mo-lùraig*, *Cille Bhrìghde* agus *Cill Donnain*.

Anns an leabhar tha sinn tric a' cluinntinn mun obair phrìseil a rinn an t-Urr. Dòmhnall Iain Dòmhnallach ann a bhith a' cruinneachadh ainmeannan Chinntìre. Rugadh Mgr. Dòmhnallach ann am Beinne na Fadhlach agus chaidh a shuidheachadh ann an 1880 ann an sgìr aig an robh deagh shloinneadh Gàidhealach – Cill Eathain, Cill Choinnich agus Cill Ma' Ruibhe. Ghabh e ùidh mhòr ann a bhith a' tionail ainmeannan na sgìre, gu h-àraidh ma bha sgeulachd co-cheangailte riu.

Tha an leabhar ùr seo aig Aonghas Màrtainn a' sealltainn dhuinn cho iongantach agus a tha an àrainneachd mun cuairt oirnn. Taisgte am broinn ainmeannan nan àiteachan tha eòin (*Rubha nan Sgarbh*, *Port na h-Iolaire*, *Tobar na Feannaige*) agus ainmhidhean (*Loch an Eich*, *Rubh' a' Mhadaidh bhuidhe*, *Allt a' Chait*.) Tha craobhan ann – *Learg na h-Uinnsinn*, *Cnoc an Daraich*, *Allt Seilich*.

Gheibh sinn an seo sealladh air na h-obraichean a bha cudthromach aig aon àm – Allt a' Ghobhainn, mar eisimpleir. Chruinnich an t-ùghdar ceud ainm anns a bheil am facal Port, 'na dhearbhadh air cho trang agus a bha na h-aiseagan agus obair an iasgaich anns na seann làithean.

Fior leabhar math a bheir toileachadh agus fòghlam don leughadair.

Gàidhlig Shìmplidh

28 Ceann-teagaisg airson a' mhios seo: "Bha aig duine àraidh dithis mhac." Tha na faclan sin ann an Soisgeul Lùcais, an còigeamh caibideil deug, aig an aona rann deug." (Lùcas 15:11) Sin mar a tha tè de chosmhalachd losa a' tòiseachadh. Bha an dà mhac a' fuireach anns an aon dachaigh. Ach bha iad glè eadar-dhealaichte. 'S e "am mac stròdhail" an t-ainm a tha againn air an duine òg a dh'fhàg an dachaigh. Chaidh e air seachran. Ach thill e. Ghabh e aithreachas agus fhuair e mathanas o 'athair. Anns a' chosmhalachd sin tha dealbh againn air gràs agus mathanas Dhè.

28 O àm na Bliadhna' Uire bha am Fear-deasachaidh ann an eaglaisean eadar-dhealaichte. Bha e air ceann na seirbheis ann an cuid de na h-eaglaisean sin. Aig amannan eile bha e 'na shuidhe anns a' choitheanal. Bha eaglaisean ann a bha mòr agus chumadh iad na ceudan de luchd-adhraidh. Bha eaglaisean eile ann nach robh ach beag, agus nam biodh deich duine fichead aig an t-seirbheis bhiodh iad a' coimhead làn. Ach beag no mòr, dh'fhairich e spiorad an adhraidh anns gach eaglais, ann am bailtean, air eileanan, no a-muigh air an dùthaich.

28 Seanfhacal airson a' mhios seo: "Foghar grianach" (A bright sunny autumn.) 'S e sin an t-side a bhiodh ar n-athraichean ag iarraidh. Bha foghar grianach feumail nuair a bhiodh daoine a' buain agus a' cruinneachadh an arbhair. Dhèanadh foghar fliuch milleadh air a' bharr. Tha sinn an dòchas gum bi am foghar seo fàbharach. Bheir sin toileachadh do chroitèaran agus do thuathanaich. Bidh a h-uile duine a' cur luach air làithean grianach anns an Lùnasdal.

28 Nuair a sgrìobh mi seo bha làithean brèagha grianach againn. Bha sinn toilichte nuair a thàinig am blàths. Bha an Giblean agus toiseach a' Chèitean fuar agus fliuch. Ach an-diugh agus an-dè bha frasan uisge ann, ged nach robh an t-uisge trom. Ach bha daoine ag ràdh gu robh an talamh a' cur feum air uisge. Tha feum aig an talamh air an dà chuid, a' ghrian agus an t-uisge. Tha sinne fortanach anns an dùthaich seo nach eil tuiltean mòra againn no tart agus tiormachd mar a tha aca ann an iomadh dùthaich eile.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

AIR AN ADHAR

Bidh seirbheis Ghàidhlig air Ràdio nan Gàidheal gach Sàbaid air a' mhìos seo aig naodh uairean anns a' mhadainn agus trì uairean feasgar. Air a' cheud Sàbaid bidh Iain MacRath, deacon ann an Eaglais Shaor Chroisbost air ceann an adhradh. Air an darna Didòmhnaich bidh an t-Urr. Iain MacLeòid, on Eaglais Shaoir Leantainnich a' craoladh. Cluinnidh sinn Seumas Mac an Tàilleir às na Hearadh anns an treas prògram. Air an t-Sàbaid mu dheireadh bidh Iain Eàirdsidh Mac a' Mhaoilein à Dùn Eideann a' toirt thugainn *Dèanamaid Adhradh*.

Gach oidhche Shàbaid aig naodh uairean cluinnear seann sheirbheis o thasglann a' Bh.B.C.

RANN

*Nach sona bhios an sluagh sin –
Cha ghluaisear iad a chaoidh;
Na seudan beannaicht', luachmhor ud
Nach ceannaich luach no prìs;
Cha spìonar às a làmhan iad
Le nàmhaid, mar tha sgrìobht';
Bidh 'na uaigh 'na leabaidh shàmhaich dhaibh –
Laigh Ròs o Shàron innt'.*

Am broinn nan *Duilleag* tha sinn a' toirt iomraidh air leabhar ùr le bàrdachd Eachainn MhicFhionghain à Beàrnaraigh na Hearadh. Seo rann à tè de na laoidhean drùidhteach aig Eachann, *Ròs o Shàron*.

SEIRBHEIS SHONRAICHTE

Tha Eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu air tè de na h-eaglaisean anns a' bhaile mhòr a bhios gu dìleas a' cumail seirbheis Ghàidhlig gach madainn Sàbaid. Bidh Eaglais Chaluim Chille a-nis a' cumail seirbheis Ghàidhlig a bharrachd air an Dihaoine mu dheireadh de gach mìos, aig leth-uair an dèidh seachd. Tha fios gum bi seo feumail do Ghàidheil a' bhaile a bhios ag adhradh anns an eaglais aca fhèin air madainn Sàbaid. **Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh on mhinistear a tha air ceann a' choitheadail an-dràsda, an t-Urr. Greum Moireastan (0141-579 4772), no o chlàireach an t-seisein, Donnchadh Mitchell (0141-339 9679).**

CALUM CILLE

Chaidh mòran sheirbheisean a chumail anns an Og-mhìos a' comharrachadh gu bheil mìle, ceithir cheud agus leth-cheud bliadhna bho thàinig Calum Cille agus a chompanaich à Eirinn gu eilean I. Tha sinn toilichte gun d'fhuair a' Ghàidhlig àite ann an cuid de na seirbheisean sin ann an I agus ann an àiteachan eile. Anns an Oban sheinn còisir an t-eadar-theangachadh de laoidh Chaluim

Chille a bha againn anns *Na Duilleagan* anns a' Chèitean: *A Eirinn sheòl Calum Cille caomh*.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo fuasgladh nan ceist mu bhith a' tilleadh. 1. Na buachaillean. 2. —Israel— 3. Ierusalem. 4. Moire.

ADHBHAR GAIRE

Bliadhnachan mòra air ais ann an Uibhist a Tuath, mar ann an àiteachan eile, bhiodh uisge-beatha ga riarachadh an latha a bhiodh tìodhlacadh ann. Cha robh e 'na annas sabaid a bhith anns a' chladh agus daoine fo bhuidhe na dibhe. Thàinig ministear ùr don sgìr agus bha e air uamhasachadh leis an dol-a-mach seo. 'S e duine mòr foghainteach a bha ann agus aig a' cheud adhlacadh a bha aige chaidh e a-null far an robh a dithis a bha a' sabaid. Rug e air ceann an dithis aca agus bhual e ri chèile iad. On latha sin cha robh mì-rian sam bith aig tìodhlacadh.

Urnaigh

A Dhè uile-ghlic,
is aithne dhut gach nì mu ar dèidhinn.
Tha Thu a' leughadh ar smuaintean.
Tha Thu a' cluinntinn ar briathran.
Tha Thu a' faicinn ar gnìomharan.
Ghabh an Tighearna losa Crìosd
air fhèin ar nàdar.
Nuair a thig sinn le ar n-ùrnaighean
tha sinn a' tighinn gu Aon
a tha gar tuigsinn uile gu lèir.

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Seo an raon-laighe ann am Beinn na Fadhla.
Tha ceanglaichean mòran nas fheàrr an-diugh
eadar na h-eileanan o Bharraigh gu Leòdhas
agus eadar na h-Eileanan an Iar agus tìr-mòr.
Tha sin 'na chuideachadh do mhuinntir nan eilean
agus do luchd-turais a bhios a' cur cuairt.
Tha goireasan an latha an-diugh
a' cuideachadh le obair na h-Eaglais.